

BM-02: Àireamhan: A' cunntadh san t-siostam ùr

Numbers: Counting using the new system

Presenter: Angela Mackay



ÌRE **Bunaiteach-Meadhanach**
CUSPAIR **Àireamhan**
PUINGEAN CÀNAIN **A' cunntadh san t-siostam ùr**

ANGELA:

Dà mhìle bròg sa còig deug,
dà mhìle sa sia deug,
dà mhìle sa seachd deug ...

Istibh! Tha mi a' feuchainn ris na brògan agam a chunntadh! Nis, càit an robh mi?

Feumaidh mi tòiseachadh a-rithist! Faodaidh sibh mo chuideachadh ge-tà. A bheil sibh math gu cunntadh?

Seall, tha aon bhròg agam an seo, agus a nàbaidh, sin agaibh dà bhròg.

Trì brògan,
ceithir brògan,
còig brògan.

Sin agaibh e. Cumaibh oirbh suas gu deich ...
Naoi brògan,
deich brògan.

Nis tha rud car annasach a' tachairt as dèidh deich - co-dhiù annasach airson muinntir na Beurla.

Èistibh.

LEVEL **Beginner-Intermediate**
TOPIC **Numbers**
LINGUISTIC POINTS **Counting using the new system**

ANGELA:

Two thousand and fifteen shoes,
two thousand and sixteen,
two thousand and seventeen ...

Quiet! I'm trying to count my shoes! Now, where was I?

Oh, I'll have to start again! You can help me though. Are you good at counting?

Look, I have one shoe here, and its mate, which means two shoes.

Three shoes,
four shoes,
five shoes.

That's it. Keep going until you reach ten ...
Nine shoes,
ten shoes.

Now, something strange happens after ten - well, it's strange to English speakers.

Listen.

BM-02: Àireamhan: A' cunntadh san t-siostam ùr

Numbers: Counting using the new system

Presenter: Angela Mackay



Aon bhròg dheug,
dà bhròig dheug,
trì brògan deug,
ceithir brògan deug,
còig brògan deug.

Sin agaibh e. Cumaibh oirbh. Tha pìos againn ri dol fhathast. Stadaibh aig naoi brògan deug.

Naoi brògan deug,
fichead bròg (seadh fichead bròg),
fichead bròg is a h-aon,
fichead bròg is a dhà,
fichead bròg is a trì.

Seadh, cumaibh oirbh ...

Fichead bròg is a naoi,
trithead bròg,
trithead bròg is a h-aon,
trithead bròg is a dhà ...

Cumaibh oirbh tro na tritheadan gu ceathrad,

Eleven shoes,
twelve shoes,
thirteen shoes,
fourteen shoes,
fifteen shoes.

That's it. Carry on. We still have some way to go. Stop at nineteen shoes.

Nineteen shoes,
twenty shoes (yes, twenty shoes),
twenty-one shoes,
twenty-two shoes,
twenty-three shoes.

Right, carry on ...

Twenty-nine shoes,
thirty shoes,
thirty-one shoes,
thirty-two shoes ...

Carry on through the thirties until you reach forty,

BM-02: Àireamhan: A' cunntadh san t-siostam ùr

Numbers: Counting using the new system

Presenter: Angela Mackay



caogad,
seasgad,
seachdad,
ochdad,
naochad ...
naochad bròg is a naoi,
ceud bròg.

Glè mhath. Faodaidh sibh cumail oirbh

ceud bròg is a h-aon,
ceud bròg is a dhà ...
ceud bròg is dhà dheug,
ceud bròg is a trì deug ...

Mìle bròg,
mìle bròg is a h-aon,
mìle bròg is a dhà ...
Mìle bròg naoi ceud naochad is a naoi,
dà mhìle bròg,
dà mhìle bròg is a h-aon,
dà mhìle bròg is a dhà ...
dà mhìle bròg is a seachd deug.

'S e sin far an robh sinn, nach e?

Agus aonan a bharrachd.

Dà mhìle bròg is a h-ochd deug.

fifty,
sixty,
seventy,
eighty,
ninety ...
ninety-nine shoes,
one hundred shoes.

Great. You can carry on:

one hundred and one shoes,
one hundred and two shoes ...
one hundred and twelve shoes,
one hundred and thirteen shoes ...

One thousand shoes,
one thousand and one shoes,
one thousand and two shoes ...
One thousand shoes, nine hundred and ninety nine,
Two thousand shoes,
two thousand and one shoes,
two thousand and two shoes ...
two thousand and seventeen shoes.

That's where we were, wasn't it?

And one more.

Two thousand and eighteen shoes.

BM-02: Àireamhan: A' cunntadh san t-siostam ùr

Numbers: Counting using the new system

Presenter: Angela Mackay



Sin agaibh e. Mo thaing dhuibh uile.

Daoine

Fhad is a tha sinn a-mach air cunntadh, a bheil sibh eòlach air mar a nì sinn cunntadh air àireamh de dhaoine?

Tha siostam fa-leth againn son cunntadh a dhèanamh air daoine, suas gu deich co-dhiù.

Is iad: aonar (ach gu tric cha bhi daoine ach ag ràdh duine, fear, tè, cuideigin neo mar sin)

dithis,
triùir,
ceathrar,
còignear,
sianar,
seachdnar,
ochdnar,
naoinear,
deichnear.

Os cionn deichnear bidh sinn a' cleachdadh an t-siostaim àbhaistich

aon duine deug,
dà dhuine deug,
trì daoine deug ...

Mar sin leibh an-dràsta.

There you go. Thank you all.

People

While we're on the subject of counting, do you know how we count people?

There is a different system for counting people, at least up to ten.

It is: one person (but people often say a person, a man, a woman, someone or something like that)

two people,
three people,
four people,
five people,
six people,
seven people,
eight people,
nine people,
ten people.

For numbers over ten we use the ordinary system:

eleven people,
twelve people,
thirteen people ...

Goodbye for now.

BM-02: Àireamhan: A' cunntadh san t-siostam ùr

Numbers: Counting using the new system

Presenter: Angela Mackay



NÒTAICHEAN-COISE

Bidh sibh a' faicinn agus a' cluinntinn rudan a tha diofraichte bho na th' againn an seo. Tha cuid dhiubh cudthromach agus bu chòir dhuibh a bhith mothachail orra. Tha cuid eile ann ge-tà nach eil gu mòran diofar; chan eil annta ach dòigh eile ri ràdh. Tha iad pailt cho ceart is a tha na th' againn an seo. Innsidh mi beagan mu dheidhinn nan rudan sin

chleachd sinn am facal bròg mar eisimpleir de rud a dh'fhaodadh sibh a bhith a' cunntadh.

'S e facal boireann a tha ann am "bròg". Mas e is gur h-e facal fireann a bha sinn a' cleachdadh mar "doras", bhiodh sin a' dèanamh diofar ann an corra àite.

Aon doras,
dà dhoras,
trì dorsan,
ceithir dorsan ...
aon doras deug,
dà dhoras deug,
trì dorsan deug,
ceithir dorsan deug ...

Tha cuid de dh'fhacail ann a bhios a' sealltainn an iolra (barrachd na dhà) le bhith a' cur "i" ann aig an deireadh (caolachadh).

Cat. Cait (facal fireann).

FOOTNOTES

You will see and hear different terms from those we've used here. Some of those are important and you should be aware of them. There are others too which don't make much of a difference; they're just another way of saying things. They are just as correct as what we have here. I'll explain a little about those things:

we used the word "shoe" as an example of something you could count.

"Shoe" is a **feminine** word. If we'd used a **masculine** word like "door" as an example, that would have made a difference in places.

One door,
two doors,
three doors,
four doors ...
eleven doors,
twelve doors,
thirteen doors,
fourteen doors ...

There are some words that indicate the plural (more than two) by adding an "i" at the end (slenderising).

Cat. Cats (masculine noun).

BM-02: Àireamhan: A' cunntadh san t-siostam ùr

Numbers: Counting using the new system

Presenter: Angela Mackay



Aon chat,
dà chat,
trì cait,
ceithir cait ...
trì cait dheug,
ceithir cait dheug ...
fichead cat,
fichead cat is a h-aon ...

Cluinnidh sibh daoine a' cleachdadh seann siostam cunntais, leithid ceithir taighean deug thar trì fichead (74 taighean). Na gabhaibh dragh mu dhèidhinn. Faodaidh sibh sùil a thoirt air uaireigin eile. 'S e a tha ann ach siostam a bhios ag obair ann an cnapan de dh'fhichead an àite deichean mar an t-siostam a tha againn shuas.

Cluinnidh sibh cuideachd daoine ag ràdh caochladh de rudan eile mar fichead is a h-aon brògan, caogad is a dhà brògan. Chan eil iad ceàrr; tha caochladh de dhòighean againn sa Ghàidhlig.

Ma chumas sibh leis na tha againn sa chliob seo cha tèid sibh fada ceàrr agus faodaidh sibh fàs cleachdte ris na dòighean eile nuair a bhios sibh nas cofhurtaile sa chànan.

One cat,
two cats,
three cats,
four cats ...
thirteen cats,
fourteen cats ...
twenty cats,
twenty-one cats ...

You will hear people using an old counting system, for example fourteen houses and three score (74 houses). Don't worry about that. You can look at that another time. It's just a system that works in groups of twenty rather than tens like the system used earlier.

You will also hear people using a variety of different forms such as twenty and one shoes, fifty and two shoes. They are not wrong; we have a number of different ways in Gaelic.

If you keep to what we have in this clip, you won't go far wrong and you can become familiar with the other ways when you are more comfortable in the language.